They may be used without a qualifying noun:

Chì mi ceathrar a' tighinn. I see four people coming.
Cò mheud pàisde a th' agaibh? Chan eil ach an dithist againn.
How many children do you have? We've just got the two.
Seachdnar de theaghach. Seven of a family.

Or they may be used with a qualifying noun, which of course will be in the genitive plural.

Dithist fear. 2 men.
Triùir nighean. 3 girls.
Ceathrar dhaoine. 4 people.
Naoinear chroitearan. 9 crofters.

Numerical nouns provide the ONLY way to use a number with *clann children*; in this instance the form we need is technically genitive singular.

Dithis cloinne.	2 children.
Triùir cloinne.	3 children.
Ceathrar cloinne.	4 children.
Cóignear cloinne.	5 children, etc.

A qualifying noun, in the absence of an article, behaves rather like an adjective — hence lenition following feminine nouns. Note also:

Aon duine cloinne.	One child.
Thàinig iad 'nan dithistean.	They came in pairs.
Bha sinn 'nar triùir.	There were three of us.

The numerical nouns introduced above may very occasionally be found referring to animals or objects in preference to simple numbers like na dhà *the two*. A pair of objects is paidhir.

Paidhir bhrògan.	A pair of shoes.
------------------	------------------

A brace of animals or birds is caigean; the word is used in Tiree to mean generally *a couple, a few*. Another numerical noun, aonan [ənan] *one*, can refer indifferently to persons, animals or things, and is not used with a qualifying noun.

Cò mheud pàisde a th' agaibh? Chan eil ach aonan. Chan eil ach an t-aon ghille. (*Only one. Just the one boy.*)

Càit' am bheil na bùird? Chuir mi aonan 'sa chidsin is aonan 'san t-seòmar-shuidhe. (*I put one in the kitchen and one in the sitting-room.*)


Aonar also exists, but is restricted to the expression 'nam (etc.) aonar *alone*.
Bha mo mhàthair 'na h-aonar. *My mother was alone.*

13.19

CAMPADH AIR GHайдHEALTACHD

This time tell the story making maximum use of the conditional tense (see 17.5), e.g. Dh'fhalbhamaid a champadh a h-uile bliadhna. *We went camping every year* or Dh'fhalbhadh iad chun na bùtha a h-uile latha. *They went to the shop every day.*

teanta	a tent
òrd, gs. ùird	a hammer
cnag, f.	a peg
poca-cadail	a sleeping-bag
goireasan	messages, i.e. shopping
còrnphluicean	cornflakes
stòbh	a stove
prais	a pot, saucepan
poit	a pot, saucepan
còcaireachd	cooking
stóirm	a storm





14.1

VOCABULARY



cluich, cluich
cùnn, cùnnadh
deàrrs, deàrrsadh
fairich, faireachadh
glan, glanadh
loisg, losgadh
siubhail, siubhail
tachair, tachairt (air)

tilg, tilgeil
till, tillleadh
cuir romhad
céilidh, f.
mullach, pl. mullaichean, m.
dram, gs. -a, pl. -annan, m.
an latha roimhe
cho fada 's gun
a-muigh
a-nis
a-staigh
a-null
dona
goirt
dìreach
gu math

play
count
shine
feel
clean
burn
search (for), look for, travel
happen, meet (by accident)
(reduce root to tachr- when adding suffixes)
throw
return, come back
decide, plan to (see 14.2)
ceilidh, visit
roof, summit, peak
dram (nominative frequently drama)
the other day
as long as
outside
now
in, inside
thither, over (motion involved)
bad
sore
adjective straight; adverb right, straight, just
well, pretty (i.e. somewhat)

14.2 PREPOSITIONAL PRONOUNS: ROIMH 'BEFORE' AND TROIMH 'THROUGH'



romham	before me	romhainn	before us
romhad	before you	romhaibh	before you
roimhe	before him / it	rompa	before them
roimpe	before her / it		
tromham	through me	tromhainn	through us
tromhad	through you	tromhaibh	through you
troimhe	through him / it	trompa	through them
troimpe	through her / it		

14.3

FUTURE / IMMEDIATE TENSE



With the exception of the verb tha, which of course has its own present tense (tha itself, and its nach-type (bh)eil), what is conventionally called the "future" tense in Gaelic really covers English PRESENT AND FUTURE:

Buailidh tu.

You strike. You will strike.

It will therefore be more helpful to refer to the future tense in the case of tha, and to the "immediate" (i.e. PRESENT AND FUTURE) in the case of other verbs.

14.4


ZERO-TYPE



The usual distinction between cò-type and nach-type is observed in the future/immediate tense. There is in addition a third type which is used when NO PARTICLE AT ALL precedes the verb. We may call this the "zero-type". The zero-type ending is -(a)idh [i], the cò-type ending is -(e)as [əs], and the nach-type has no ending at all.

14.5

FUTURE TENSE



	stressed	unstressed
zero-type	BITHIDH tu ann. You will be there.	BIDH thu ann. You will be there.
cò-type	Ma BHITHEAS tu ann. If you will be there.	Ma BHIOS tu ann. If you will be there.
nach-type	Gum BI thu ann. That you will be there.	Gum BI thu ann. That you will be there.

The unstressed spellings provide a useful "shorthand" in written Gaelic, and their use is recommended. As with the conditional tense, the stressed forms are used mainly in isolated utterance, e.g.

Am bi thu ann? Will you be there? Bithidh. Yes.

Am bi thu ann? Ma bhitheas, bidh Catriona còmhla rium. If I am, Catriona will be with me.

14.6

IMMEDIATE TENSE



	cuir	sgriobh	òl	fàg
zero-type	Cuiridh tu e. You put it. You will put it.	Sgriobhaidh tu e. You write it. You will write it.	Òlaidh tu e. You drink it. You will drink it.	Fàgaidh tu e. You leave it. You will leave it.
cò-type	Ma chuireas tu e. If you put it. If you will put it.	Ma sgriobhas tu e. If you write it. If you will write it.	Ma dh'òlas tu e. If you drink it. If you will drink it.	Ma dh'fhàgas tu e. If you leave it. If you will leave it.
nach-type	Gun cuir thu e. That you put it. That you will put it.	Gun sgriobh thu e. That you write it. That you will write it.	Gun òl thu e. That you drink it. That you will drink it.	Gum fàg thu e. That you leave it. That you will leave it.

14.7

SUMMARY



All future / immediate tense forms are analytic, i.e. subject must be added. Note the basic pattern carefully:

zero-type	root + (a)idh
cò-type	lenition + root + (e)as
nach-type	root

As always, the presence or absence of lenition in the nach-type depends on the particle, e.g.

Cha chuir mi sios e. I won't put it down.
Nach fhuirich thu? Won't you stay?

14.8  Translate the given phrases, then rewrite them ONCE substituting the other verbs at random. Give translations.

tillidh tu. 'sann a thilleas tu. ged a thilleas tu. nuair a thilleas tu. ma thilleas tu. na thilleas tu. an till thu? gus an till thu. cha till thu. chan e gun till thu. mun till thu. mur till thu. nach till thu? cho fada 's nach till thu. Repeat with bi, òl, cluich, loisg, siubhail.

14.9 TRANSLATE: 1. Mura tilg thu e. 2. Leag iad an taigh. 3. Snàmhaidh sinn a-null. 4. Seo na ghlanas an uinneag. 5. An cùntadh tu 'n t-airgead? 6. Cha sguireadh iad dheth. 7. Dé thachras? 8. Dh'fhaich mi sgith. 9. Dh'fheumadh tu tighinn. 10. Cuin a bhios sibh a' tilleadh?

14.10 TRANSLATE: 1. Although he sang. 2. I wouldn't leave you. 3. Before I go away. 4. If you must. 5. What fell? 6. Where will they build it? 7. The man who won't walk. 8. I won't drink. 9. Until I think. 10. We will wait.

14.11 TRANSLATE: 1. Nuair a bhios mi sgith bidh mo cheann goirt. 2. Am bi thu a-staigh a-màireach? Cha bhi. 3. Cha bhi Aonghas aig a' chéilidh. Tha mi duilich, có nach bi aig a' chéilidh? Aonghas. 4. Bidh mi 'gad fhaicinn 'sa mhadainn, mura h-ann air do rathad dhachaigh a bhios tu. 5. Dé ghabhas tu, a Mhurchaidh? Gabhaidh mi drama, tapadh leat. 6. Chuir e roimhe dol do'n eaglais. 7. Thilg an gille clach dìreach troimh'n uinneig. 8. Am fear a dh'òlas, 'se a phàigheas. 9. Bha mi a' faireachadh gu math dona an latha roimhe. 10. Có an Riabhach a bha an-seo romhamsa?

14.12 TRANSLATE: 1. Who will stay in the wood when the soldiers go away? 2. When Jean grows up she will be a good teacher. 3. If you don't like the coat I will sell it again.(Use còrd, for which see 11.1.) 4. Won't you close the door before you sit down! 5. It's every day now that William plays the pipe. 6. Why should I stay at home when the sun is shining outside? 7. If you sang the song for me I would be very pleased.(Use prepositional pronoun from do.) 8. He used to sit down at the fire every day and take a dram before his dinner. 9. Even if you sent a letter he wouldn't answer it. 10. If you built the house how and when would you put the roof on it? (Note that the particle a cannot occur in isolation from the verb.)

CÒMHRADH: DÉ THA THU 'DOL A DHÈANAMH?

Here is a simple exercise that you can do to practise your verbs in a live sort of way whether you have a conversation partner or not.

If you are by yourself, repeat the following, MATCHING ACTIONS TO WORDS:

Tha mi 'nam shuidhe.  I am seated.
1. Tha mi 'dol a sheasamh.  I'm going to stand up.
2. Seasaidh mi.  I will stand up.
3. Tha mi a' seasamh.  I'm getting up.
4. Sheas mi.  I've stood up.
5. Tha mi 'nam sheasamh.  I am standing up.

Now you have to get yourself into your chair again, so repeat the exercise substituting suidh for seas and suidhe for seasamh as appropriate.

1. Tha mi 'dol a sh_____.
2. _____ mi.
3. Tha mi a' _____.
4. _____ mi.
5. Tha mi 'nam _____.



Revise "MORE ON 'NAM ETC." (UNIT 4), then try the same exercise with falbh, falbh go away; till, tilleadh come back; éirich, éirigh get up (at no. 5 you can say air éirigh or 'nam sheasamh); tuit, tuiteam fall (you will need to be pretty quick at no. 3!); laigh, laighe; sin, sineadh; caidil, cadal; dùisg, dùsgadh/dùisg (use dùisg with 'nam etc., otherwise the verbal noun is dùsgadh); and finally perhaps:

1. Tha mi 'dol gam thogail fhìn.
2. Togaidh mi mi fhìn.
3. Tha mi 'gam thogail fhìn.
4. Thog mi mi fhìn.
5. Tha mi air mo thogail fhìn.

I'm going to pick myself up.
I will pick myself up.
I am picking myself up.
I picked myself up.
I've picked myself up.

Safely back in your seat, try lifting a book, using the same verb.

1. Tha mi 'dol a th_____ an leabhair.
2. _____ mi e.
3. Tha mi 'ga _____.
4. _____ mi e.
5. Tha mi air a _____.

Then put it down, using cuir sios, cur sios.

1. Tha mi 'dol 'ga _____.
2. _____ mi _____ e.
3. Tha mi 'ga _____.
4. _____ mi _____ e.
5. Tha mi air a _____.

Instead of cuir sios you could try leig ás, leigeil ás (let go, same word order), or simply leag, leagadh (drop, knock down, lower). Note pronunciations leig [lɛik], leigeil [lɛikal], leag [lɛk], leagadh [lɛkay]; WHEN [U] IS LENITED IT BECOMES [I], SEE "SOUNDS".


IF YOU HAVE A CONVERSATION PARTNER turn these exercises into a dialogue, like this:

1. Dé tha thu 'dol a dhèanamh? (What are you going to do?) — Tha mi 'dol a dh'fhosgladh an dorais.
2. Dé niithu? (What will you do?) — Fosglaidh mi 'n doras.
3. Fosgail e ma-thà! — Fosglaidh! (Yes)
4. Dé tha thu 'dèanamh a-nis? — Tha mi 'ga fosgladh.
5. Dé rinn thu? (What did you do?) — Dh'fossail mi 'n doras.
6. Am bheil thu air an doras a _____? — Tha. Tha mi air 'fossadh.


Now shut it again (dùin, dùnadh).

1. Dé tha thu 'dol a dhèanamh? Tha mi 'dol a _____ an dorais.
2. Dé niithu? _____ mi 'n doras.
3. _____ e ma-thà! _____!
4. Dé tha thu 'dèanamh a-nis? Tha mi 'ga _____.
5. Dé rinn thu? _____ mi 'n doras.
6. Am bheil thu air an doras a _____? Tha. Tha mi air a _____.

Now try opening and closing the window, your book, your eyes; standing up, sitting down etc.; putting up and down your hand; putting on (air) and off (dheth) the radio (réadio), television, light.




A' Ghaidhealtachd: eileanan is dùthchannan.



14.15

AN TAIGH-SOLAIS



Read the following passage, then answer the questions in Gaelic as fully and naturally as possible.

Bha e nis mu cheithir uairean 'sa mhadainn — dà uair a thìde fhathast mus briseadh an latha — agus bha an stoirm a' séideadh gu h-eagalach. Ach chum an long oirre, agus mu dheireadh bhuail i air tir aig Eilean Longstone, agus fhuair na daoine a bha innte an casan air talamh tioram.


Bha taigh-solais air Eilean Brownsman a bha mu mhile air falbh bho'n eilean seo. Bha fear an taigh-solais aig an àm seo 'na sheann duine, 's cha robh còmhla ris 'san taigh-solais ach a bhean agus a nighean, Grace, a bha mu fhichead bliadhna a dh'aois.

Air an oidhch' ud bha an nighean 'na dùisg, agus os cionn fuaim nuallanach na stoirme chuala i glaodhaich dhaoine. Dh'éirich i agus dhùisg i a h-athair. Chuala iad an éigheach a-rithist, ach chan fhaiceadh iad nì sam bith. Bha e dubh dorcha aig an àm, agus eadhon nuair a thàinig solas an latha bha ceò dùmhail air a' mhuir.

Mu dheireadh, chunnaic iad long air Eilean Longstone, agus daoine a' gluasad timcheall oirre. Eadar Longstone agus an t-eilean far an robh iad fhéin, bha mu mhile de dhroch mhuir le sruth làidir, agus cha robh aca ach seann bhàta mór. Cha robh an seann duine idir airson falbh, ach cha b' urrainn do'n nighinn fuireach far an robh i agus na daoine fhaicinn air an call, agus mu dheireadh chuir iad gu muir.

1. Dé an uair a bhitheadh solas an latha ann?
2. An robh gaoth ann?
3. An ann aig Eilean Brownsman a stad an long?
4. An do bhàth duine de na bha 'san luing?
5. An e duin' òg a bha an athair Grace?
6. An do chaidil Grace gu math an oidhch' ud?
7. An do dhùisg i a màthair?
8. Carson nach fhaiceadh iad nì sam bith an glasadh an latha?
9. An e bàta beag ùr a bh'aca?
10. An do dh'fhuirich iad aig an taigh-solais?

A' Ghaidhealtachd:



siorrhachdan is sgìrean.

THE HIGHLANDS: COUNTIES AND PARISHES

GALLAIBH (CAITHNESS)		31 Lochs		3 Urquhart		5 Cortachy &		EARA GHайдHEAL (ARGYLL)	
32 Uig		32 Uig		4 Drainie		6 Clova		1 Dunoon &	
33 Barvas		33 Barvas		5 Duffus		6 Lochlee		2 Kilmun	
1 Thurso		6 Spynie		7 Lethnot & Navar		7 Inverchaolain		3 Kilmodan	
2 Orlig		7 St Andrews		8 Edzell		8 Kilfinan		4 Strathlachlan	
3 Dunnet		Lhanbryde		1 Alyth		9 Lochgoilhead &		5 Kilmorich	
4 Canisbay		8 New Spynie		10 Rethes		10 Inveraray		6 Kilchrenan &	
5 Bower		9 Birnie		11 Knockando		11 Kilchrenan &		7 Dalavich	
6 Watten		10 Rothes		12 Dallas		12 Strathur		8 Glenorchy &	
7 Wick		13 Elgin		13 Lochgoilhead &		9 Inishail		9 Kilmorich	
8 Latheron		14 Alves		14 Blaigowrie		10 Glenorchy &		10 Lismore & Appin	
9 Halkirk		15 Rafford		15 Kinloch		11 Lismore & Appin		11 Ardchattan	
10 Reay		16 Kinloss		16 Lethendy		12 Auchtergaven		12 Ardchattan	
		17 Forres		17 Clunie		13 Muckairn		13 Kilmodan	
		18 Dyke & Moy		18 Edinkillie		14 Kilbride		14 Kilbride	
		19 Cromdale		19 Cromdale		15 Monzievaird &		15 Kilbride	
		20 Cromdale		20 Cromdale		16 Strowan		16 Kilbride	
				21 Cullen		17 Crieff		17 Kilbride	
				22 Fordyce		18 Muthill		18 Kilbride	
				23 Ordiquhill		19 Ardoch		19 Kilbride	
				24 Aberfoyle		20 Comrie		20 Kilbride	
				25 Callander		21 Port of Menteith		21 Knapdale	
				26 Balquhidder		22 Aberfoyle		22 Knapdale	
				27 Killin		23 Callander		23 Kilcalmonell	
				28 Kenmore		24 Kilbride		24 Kilbride	
				29 Dull		25 Kilbride		25 Kilbride	
				30 Weem		26 Kilbride		26 Kilbride	
				31 Logierait		27 Gigha & Cara		27 Kilbride	
				32 Moulin		28 Kildalton & Oa		28 Kilbride	
				33 Blair Atholl		29 Killarow &		29 Kilbride	
				34 Fortingall		30 Kilchoman		30 Kilbride	
				31 KirkMichael		31 Kilbride		31 Kilbride	
				32 Blair Atholl		32 Kilbride		32 Kilbride	
				33 Fortingall		33 Kilbride		33 Kilbride	
				34 Kilbride		35 Kilbride		35 Kilbride	
				36 Kilbride		37 Kilbride		36 Kilbride	
				37 Kilbride		38 Kilbride		38 Kilbride	
				38 Kilbride		39 Kilbride		39 Kilbride	
				40 Kilbride		40 Kilbride		40 Kilbride	

TEST C

A general test of the work in Units 1-14.

C1 (a) IMMEDIATE TENSE. Translate into Gaelic:

1	I will return.	6	How do I light it?
2	If you lose it.	7	Why won't they eat them?
3	Where we walk.	8	When I begin.
4	If you won't keep it.	9	Before you (pl.) sit.
5	What will she try?	10	He won't be there.

(b) Put these 10 Gaelic phrases into the PAST TENSE.
 (c) Put these 10 Gaelic phrases into the CONDITIONAL TENSE.

C2 Translate into Gaelic:

- 1 Weren't you foolish to leave your father and mother?
- 2 They expect to meet us in Oban.
- 3 I'm sorry, but I can't answer you.
- 4 If you sang the song for me I would be very pleased.
- 5 Here's the man you spoke to on the bridge.
- 6 Stop right where you are and open your purse.
- 7 That big green thing is my Gaelic book.
- 8 Mairi went off to buy it in the little shop.
- 9 There are many cars on the streets of the town.
- 10 I'm going to learn Gaelic even if it kills me.

C3 Translate into English:

'Scandinavia Today'

Tha talamh math ann an Lochlann agus tha iad a' reic iomadh rud ri Breatann, mar tha ìm, càise agus hama.

Anns an t-Suain tha móran oibrichean aca agus iad a' toirt iarainn ás an talamh agus a' dèanamh stàilinn ann am Malmo agus Kiruna. Tha fiodh gu leòr ann an coiltean móra na Suain airson pàipear a dhèanamh.

'Se iasgach, craobhan agus ola a tha a' toirt obair do dhaoine ann an Nirribhidh. Chòrdadh e riut a dhol gu Oslo no Bergen, far am bheil taighean bòidheach fiodha le bogsaichean fhlùraichean anns na h-uinneagan. 'S glé thoil leotha a bhith a' seòladh, mar fhuair na Gaidheil o shean, is *cha mhór gu bheil teaghlaich* gun bhàta beag aca. *Tha cheart cho dòcha*, nam biodh tu cuairt an Lochlann an-diugh, gur ann air bàta a shiùbhladh tu ann an Copenhagen an àite bus.

Dh'oladh tu cofaidh agus dh'itheadh tu 'smorrebrod' — seòrsa de cheapaire fhosgailte le feòil oirre. Anns na bùthan chitheadh tu rudan beaga brèagha air an dèanamh de dh'fhiodh, agus obair airgid agus gloine.

Cha mhór gu bheil teaghlaich 'there's hardly a family'; *tha cheart cho dòcha* 'it's just as likely'.

C4 Write a free composition in Gaelic of at least 200 words on one of the following topics:

- 1 Mi fhìn.
- 2 Describe a typical Highland family, *Clann MhicLeòid Bhail' a' Chnuic*. Begin e.g. 'Se Domhnall an t-athair, tha e lethcheud 's a dhà. Say who each member of the family is, what he/she is doing these days and where.
- 3 *Bha Maighread a' tilleadh dhachaigh bho Dhùn Éideann gu Barbas an Leódas nuair a chaill i a sporan, anns an robh a h-airgead air fad*. Tell how she lost it (*air an trèan?* *air a' phleun?* *air a' bhàta?* no eile?) and how she managed to complete her journey.

TEST D

Another general test of the work in Units 1-14.

D1 (a) IMMEDIATE TENSE. Translate into Gaelic:

1 You will knock her down.	6 Even if we help you.
2 They won't keep it up.	7 Who will read it?
3 If it doesn't grow.	8 When will you marry him?
4 Why don't we walk?	9 As you leave.
5 Before I begin.	10 Won't they be there?

(b) Put these 10 Gaelic phrases into the PAST TENSE.

(c) Put these 10 Gaelic phrases into the CONDITIONAL TENSE.

D2 Translate into Gaelic:

- 1 Catriona is the lovely girl wearing the red coat.
- 2 John MacDonald was a minister in the Free Church.
- 3 Where did you put the cup you were drinking from?
- 4 I'll speak to you in the morning when you aren't tired.
- 5 I am learning Gaelic at Edinburgh University.
- 6 I would like to work in one of the islands.
- 7 They were trying to catch fish in the big loch.
- 8 Although he looked for the boys he couldn't find them.
- 9 I expect to marry her when I come back from Canada.
- 10 I'm going to keep you here until you tell me what happened.

D3 Translate into English:

'A Dramatic Mountainside Escape'

Brag! Dh'fhairich Alasdair a' chreag a' sgoltadh fo chasan 's aig an aon àm chuala e gunna.

Brag! Bhuail peilear a' chreag 's thuit fras de dhust 's de chlachan beaga air. Dh'fhairich e clach 'ga bhualadh anns a' cheann 's an fhuil a' ruith sìos aghaidh. Bha eagal air an toiseach gun do thilg cuideigin a' chlach air bho'n mhullach, ach chuimhnich e gun cuala e brag a' gunna 's bha fhios aige gur e peilear a rinn e.

Brag! Dh'fhairich e a' chreag a' dol 'na pìosan far an robh a chas. Nuair a thòisich e air slaidhdeadh sìos sgrìob e le a làmhan uair is uair ri aghaidh na creige ach bha e falbh.


'Aa!' sgreuch e. Shlaidhd e sìos aghaidh na creige gu pìos direach fodha far an robh fhios aige gun tuiteadh e far taobh na beinne. Ach dh'fhairich e tarraing air a gheansaidh 's thàinig e gu stad.

Bha an t-aodach aige glachte ann an cnap creige.

Sgoltadh 'splitting'; an toiseach 'at first'; cuideigin 'somebody'; sgrìob 'clawed'; cnap 'lump'.

D4 Write a free composition in Gaelic of at least 200 words on one of the following topics:

- 1 Aodach.
- 2 Far am bheil mi a' fuireach.
- 3 Aonghas agus Seonag ann an càr mór — drochaid — bhuail iad Seònайд a-steach dhan an abhainn a bha foidhpe — shàbhail Murchadh i — ghlac Murchadh Aonghas agus Seonag. Innis an sgeulachd!





15.1

VOCABULARY



atharraich, atharrachadh	change
danns, dannsadh	dance
feuch an	to see if
feuch gun	see that
geall, gealltann	promise
leum, leum	jump, leap, dive
mothaich, mothachadh (do)	notice, become aware of, perceive
saoil	I wonder
tadhail, tadhal (air)	visit
thoir an aire (do)	notice, pay attention (to)
thoir car á	play a trick on
is urrainn dhomh/mi	I am able
mur b'e	if it weren't for
is dòcha (gun)	perhaps, maybe
abhainn, gs. aibhne, pl. aibhnichean, f.	river
drochaid, f.	bridge
duais, f.	prize
gunna, pl. -ichean, m.	gun
meadhan, m.	middle
síde, f.	weather
glan	clean

15.2

YOUR LAST PREPOSITIONAL PRONOUNS



REPEAT: prepositional pronouns from á: asam. asad. ás. aisde. asainn. asaibh. asda.

REPEAT: prepositional pronouns from fo^c: fodham. fodhad. fodha. foidhpe. fodhainn. fodhaibh. fodhpa.

REPEAT: prepositional pronouns from mu^c: umam. umad. uime. uimpe. umainn. umaibh. umpsa.

All prepositional pronouns in everyday use have now been given, with 2 minor exceptions:

- (1) **eadar** *between* (+nominative) is conjugated thus: eadar mi. eadar thu. eadar e. eadar i. eadarainn. eadaraibh. eatorra.
- (2) **thar** *over, across* (+ genitive) has tharam etc., but in any case *over, across* is more usually now expressed by a compound preposition: tarsainn (+ genitive), tarsainn air, or thairis air.

15.3

IRREGULAR VERBS



The more a word or name is used, the more different forms it may have. This particularly applies to the following verbs.

(1)	thoir, toirt	give, take, bring, spend
(2)	thig, tighinn	come
(3)	faic, faicinn	see
(4)	faigh, faighinn	get, find
(5)	cluinn, cluinntinn	hear
(6)	abair, ràdh	say
(7)	ruig, ruiginn	reach, arrive, arrive at
(8)	dèan, dèanamh	do, make
(9)	rach, dol	go
(10)	beir, breith	bear

These are the "irregular verbs". As they are so common, a thorough knowledge of them is indispensable. You have already met them in all or most of their forms in vocabularies or reading. Now it is time to learn them systematically. This will be done in easy stages over this and the following three units.



An irregular verb, by definition almost, is one which has no -as ending in the immediate tense — no distinction, in other words, between zero-type and cò-type. However, some of them are irregular in the past tense only, which means that in such cases the -as ending DOES exist, and there IS a distinction between zero-type and cò-type. This applies to verbs 5 - 7, which will be dealt with in Unit 16.

Irregular verbs should always be learnt as six or nine phrases, past → immediate → conditional, like this:

Past cò-type → immediate cò-type → conditional cò-type → past nach-type → immediate nach-type → conditional nach-type. (Method A.)

OR

Past zero-type → immediate zero-type → conditional zero-type → past cò-type → immediate cò-type → conditional cò-type → past nach-type → immediate nach-type → conditional nach-type. (Method B.)

OR

Past zero-type → immediate zero-type → conditional zero-type → ma if + past cò-type → ma if + immediate cò-type → nan if + conditional nach-type → past nach-type → immediate nach-type → conditional nach-type. (Method C.)

15.4


THOIR, THIG, FAIC, FAIGH




First, four verbs which have this in common: as indicated by arrows below, the CONDITIONAL can be got from the IMMEDIATE and the NACH-TYPE IMMEDIATE can be got from the ROOT. This reduces the amount of basic learning that you have to do. (Notice by the way that two of these verbs begin with t, two with f. This may help you remember them.)

Verbs without particles here exemplify the cò-type, verbs with cha exemplify the nach-type. FILL IN THE BLANKS, then check your answers at 15.9, then repeat these 24 phrases in sequence over and over until you have learned them. Try using them with different particles, e.g. cò thug, cò bheir etc., but remember as always that lenition of the nach-type depends on the particle (12.5).


(1) THOIR, give, take, bring, spend (see 15.5)




(2) THIG, come:



(3) FAIC, see:



(4) FAIGH, get:



15.5

THOIR

This verb is functionally complex. Its meanings are usually given as "give, take, bring", but for all these it requires either an ADVERB OF MOTION or A PREPOSITION to complete the sense, or else functions only in SPECIFIC IDIOMS. Furthermore, it shares the meaning *take* with *gabh*. *Take* in the sense of accept or consume is *gabh*; *take* in the sense of bring is *thoir le*, *thoir gu*, etc. When translating English *take*, therefore, ask: *Can I substitute "bring" without changing the meaning?* If the answer is YES your word is *thoir*. If the answer is NO your word is *gabh*. Try these, for example:

He took the book home.
He took a cup of tea.
He took my side.
He took a lodger.
He took in a lodger.
He took a pill.
He took a bath.
He took a bus to Stornoway.
He took his suit to the cleaners.

Put very simply, then, *thoir* suggests motion, *gabh* does not.

(a) THOIR + subject + object + PREPOSITION. The prepositions normally used with *thoir* are do, le, gu, bho, á, de, air.

Thoir do	give (to)	Thug e not dhomh. He gave me a pound.
Thoir le	bring (with)	Thug e leis a charaid. He brought his friend.
Thoir gu	bring (to)	Thoir leat Mairi. Bring Mary.
Thoir bho	take from	Thug e not thugam. He brought me a pound.
Thoir á	take out of	Thug e not bhuam. He took a pound from me.
Thoir de	take off	Thug e not ás a phòcaid. He took a pound out of his pocket.
Thoir air	make (compel), go to	Thug e dheth ad. He took off his hat.
		Bheir mi tri sgillinn de'n phris. I'll take 3p off the price.
		Thug iad orm snàmh. They made me swim.
		Thoir Canada ort! Go to Canada!

Other prepositions, both simple and compound, are occasionally also used with *thoir* to indicate motion with the meaning *bring*, e.g. *Thug iad e mu choinneamh na cùirte*. 'They brought him before the court.'

(b) THOIR + subject + object + ADVERB OF MOTION, e.g.

Thug e a-mach an t-airgead.	He took out the money.
Thug e a-nuas leabhar.	He took down a book.
Thoir a-nall am botal.	Pass the bottle.
Bheir mi dhachaigh thu.	I'll take you home.
Am bheil thu a' toirt a-steach cosgais an aisig?	Are you taking in (=including) the cost of the ferry?

The chief adverbs of motion are:

a-steach	in	a-null	over (and away)
a-mach	out	a-nall	over (towards you)
suas	up	air falbh	away
sios	down	thairis	across
a-nuas	down (towards you)	tarsainn	across
a-nios	up (towards you)	timcheall	around
seachad	past	mun cuairt	around

Ann and an-seo/sin/siud may also be included, e.g.

Có thug ann thu? Who brought you here?
Dé thug an-seo thu? What has brought you here?

N.B. Give without preposition *to* is *thoir seachad*. Compare:

Thug e not dhomh.	He gave me a pound.
Thug e seachad not.	He gave a pound.

(c) THOIR + subject + object WITHOUT ANY PARTICULAR PREPOSITION OR ADVERB OF MOTION may occur,

(1) in sense *spend* or *take* with a period of time, e.g.
Thug e seachdain. He spent a week. It took a week.
Dé cho fada 's a thug e? How long did it take?
Thug e seachdain 'ga dhèanamh. It took him a week to do it.

(2) in specific idioms for which see Dwelly's dictionary under *thoir*, e.g. *Thug e mionnan* 'He swore'.

15.6

FEUM, FAOD

These two very useful and common verbs are regular but defective, i.e. they have no past tense; the conditional serves for the past. *Feum* means *must, have to*:

Dh'fheumadh e falbh.	He had to go. He would have to go.
Feumaidh tu seo òl.	You must drink this. You have to drink this.
Am feum thu a dhèanamh?	Must you do it? Do you have to do it?

Faod means *may, can* (in sense of being allowed to), in past *might, could*.

Faodaith tu an càr a stad.
Ma dh'fhaodas mi falbh.
Dh'fhaodainn a pòsadh.

You may stop the car.
If I may go.
I could marry her. I might marry her.

15.7

PARTICLES AND COPULA 

Particles combine with the copula in the following ways. (For basic list of particles and their meanings see 12.4-5, 13.8.)

	POSITIVE		NEGATIVE	
	Present	Past, Conditional	Present	Past, Conditional
is	bu	cha	cha bu	
which, etc.	as	a bu	nach	nach bu
because	bho'n as	bho'n a bu	bho nach	bho nach bu
why?	car-son as	car-son a bu	car-son nach	car-son nach bu
how?	ciamar as	ciamar a bu	ciamar nach	ciamar nach bu
who?	có as	có (a) bu	có nach	có nach bu
when?	cuin as	cuin a bu	cuine nach	cuine nach bu
what?	dé as	dé (a) bu	dé nach	dé nach bu
though, etc.	ged as	ged a bu	ged nach	ged nach bu
as	mar as	mar a bu	mar nach	mar nach bu
when	nuair as	nuair a bu	nuair nach	nuair nach bu
if	 mas	nam bu	mur	mur bu
that which, etc.	nas	na bu		
question	an	am bu	nach	nach bu
where?	càit an	càit am bu	càite nach	càite nach bu
where	far an	far am bu	far nach	far nach bu
until	gus an	gus am bu	gus nach	gus nach bu
at which, etc.	aig an	aig am bu	aig nach	aig nach bu
that	 gur	gum bu	nach	nach bu
before	mun	mum bu		

N.B. **bu** and **cha** lenite all sounds except **d, t**
bu is always contracted to **b'** before a vowel
an becomes **am** before **b, f, m, p.**

Examples. (To show the structure clearly, a line has been drawn leaving particle + copula to the left, the rest of the sentence to the right.)

Is	mise am ministear.	I am the minister.
Far am	mise am ministear.	Where I am the minister.
Ged nach bu	mhise am ministear.	Although I was not the minister. Even if I were not the minister.
Is	urrainn dhut seinn.	You are able to sing.
Dé as	urrainn dhut seinn?	What are you able to sing?
Mum b'	urrainn dhut seinn.	Before you were able to sing.
S	e cat a bh' ann.	It was a cat.
Ciamar nach	e cat a bh' ann.	If it was a cat.
S	e cat a bh' ann?	How was it not a cat?
Chuala mi gur	ann agadsa a tha an cù.	It's you that has the dog.
Bho nach	ann agadsa a tha an cù.	I heard that it's you that has the dog.
		Because it isn't you that has the dog.

15.8 REPEAT:  Is tusa Màiri. 'Se tidsear a th' annad. 'Sann bàn a tha thu. REPEAT, substituting for Is, 'Se and 'Sann the relevant forms of the following particles: bho'n a, ged a, ma, an, cha, 's dòcha gun, mur, bho nach.

15.9

IRREGULAR VERBS 

Here now is the complete scheme of irregular verbs 1 - 4 set out according to Method C of 15.3 above. (On tape as Gra. 15, par. 2.) Gun is used this time instead of cha.

(1) THOIR, TOIRT, give, take, bring, spend: 

THUG e	BHEIR e	BHEIREADH e
He gave	He gives	He'd give
MA THUG e	MA BHEIR e	NAN TOIREADH ¹ e
If he gave (past)	If he gives	If he gave (conditional)
GUN TUG e	GUN TOIR e	GUN TOIREADH ¹ e
That he gave	That he gives	That he'd give

(2) THIG, TIGHINN, come:

THÀINIG ² e	THIG e	THIGEADH e
He came	He comes	He'd come
MA THÀINIG ² e	MA THIG e	NAN TIGEADH e
If he came (past)	If he comes	If he came (conditional)
GUN TÀINIG ² e	GUN TIG e	GUN TIGEADH e
That he came	That he comes	That he'd come

(3) FAIC, FAICINN, see:

CHUNNAIC ³ e	CHÌ e	CHITHEADH ⁴ e
He saw	He sees	He'd see
MA CHUNNAIC ³ e	MA CHÌ e	NAN FAICEADH e
If he saw (past)	If he sees	If he saw (conditional)
GUM FACA e	GUM FAIC e	GUM FAICEADH e
That he saw	That he sees	That he'd see

In some dialects (e.g. Uist) the f of this verb is not pronounced (except in the verbal noun), so we have e.g. gun fhaca, gun fhaic, gun fhaiceadh.

(4) FAIGH, FAIGHINN (or FAOTAINN), get, find:

5FHUAIR e	GHEIBH e	GHEIBHEADH e
He got	He gets	He'd get
MA 5FHUAIR e	MA GHEIBH e	NAM FAIGHEADH e
If he got (past)	If he gets	If he got (conditional)
GUN D'FHUAIR e	GUM FAIGH e	GUM FAIGHEADH e
That he got	That he gets	That he'd get

The usual variations in the meanings of all tenses and in the endings of the conditional tense apply also to irregular verbs, e.g.

Fhuair e	He got OR He has got
Gheibh e	He gets OR He will get
Gheibheadh e	He'd get OR He used to get OR He got (<i>conditional</i>)
Gheibhinn	I'd get OR I used to get OR I got (<i>conditional</i>)
Gheibheamaid	We'd get OR We used to get OR We got (<i>conditional</i>)

Notes.

1. Some dialects (e.g. Lewis) have *tugadh*.
2. When the verb is not stressed, à is shortened and the accent may be dropped if desired.
3. Colloquially *chunna* before a consonant, e.g. *chunna mi*.
4. Due to a process similar to that described in note 2, the first vowel is generally short and the i written without an accent.
5. FH pronounced [h], see 2.13.

15.10 PAST TENSE. REPEAT:

thug mi, an tug mi? thàinig mi, an tàinig mi? chunnaic mi, am faca mi? fhuair mi, an d'fhuair mi?
NOW MAKE THESE NEGATIVE. Give translations.

15.11 IMMEDIATE TENSE. REPEAT:

bheir e, an toir e? thig e, an tig e? chì e, am faic e? gheibh e, am faigh e? NOW MAKE THESE NEGATIVE. Give translations.

15.12 CONDITIONAL TENSE. REPEAT:

bheireadh tu, an toireadh tu? thigeadh tu, an tigeadh tu? chitheadh tu, am faiceadh tu? gheibheadh tu, am faigheadh tu? NOW MAKE THESE NEGATIVE. Give translations.

15.13 REPEAT:

bho'n a chuir thu. bho'n a chuireadh tu. bho'n a chuireas tu. REPEAT WITH car-son a + falbh, ciamar a + bi, có + buail, cuine + thig, dé + faic, ged a + éisd, mar a + faigh, nuair a + faod, na + thoir, an + thig, cait an + bi, far an + suidh, gus an + tog, cha + thoir, gun + thig, mun + faic, mus + danns, mur + faigh, nach + seinn. Give translations.

15.14 TRANSLATE:

1. Thug na gillean car asam. 2. Nach tug thu dhachaigh leat e? 3. Tha mi a' gabhail clas Gàidhlig a h-uile feasgar Di-Màirt. 4. Am faca tu sin? 5. An tug thu 'n aire mar a bha Seumas a' coimhead? 6. Saol an tig e? 'S dòcha nach tig. 7. Mas ann fada bhios tu 'sa bhaile feuch gun tadhail thu air a' mhiniestar. 8. Mur b'e an t-side thiginn gad fhaicinn. 9. Chunnaic sinn drochaid agus abhainn foidhpe. 10. Mhathaich mi gur ann do mheadhan na h-aibhne a thuit e.

15.15 TRANSLATE:

1. Will you take a cup of tea? 2. He promised that he would come. 3. I'm sorry, I didn't see you. 4. I will give you five pounds. 5. It's you that will get the prize. 6. Even if he came I wouldn't give him the books. (The SENSE of *came* is conditional here and it should be translated accordingly. Always be on the alert for cases like this.) 7. I didn't like what I saw at all, at all. 8. I didn't know that you were able to dance. 9. She brought me a clean pair of trousers. 10. Come if you are able.

15.16

NEXT AND LAST

Ath as the adjective *next* precedes the noun and MUST take the article. Even with masculine nouns the article simply takes its feminine form an.

Thàinig e an ath latha.
Chaidh e an ath-dhòras.
An ath-dhòras ri taigh 'athar.

He came next day.
He went next door.
Next door to his father's house.

an ath-oidhch'
an ath-mhios
an ath-bhliadhna

tomorrow night
next month
next year

With days of the week and (optionally) certain other time-terms as well, a different expression is used.

Di-Luain sa tighinn
an t-seachdain sa tighinn
an samhradh sa tighinn

next Monday
next week
next summer

Substituting *chaidh* (*that has*) *gone* for *tighinn* *coming* we get the opposite.

Di-Luain sa chaidh
an t-seachdain sa chaidh
an samhradh sa chaidh

last Monday
last week
last summer

Ath cannot exist without a following noun.

I'm next. Is mis' an ath-dhuine.

Last is usually mu dheireadh.

You're last.
Who comes last?
The last day.

Is tus' an duine mu dheireadh?
Có thig mu dheireadh?
An latha mu dheireadh.

It also means *at last*.

Thàinig e mu dheireadh. He has come at last.


Note also:

Mu dheireadh thall. At long last.

15.17

HOW TO WRITE A LETTER

Get into the habit of using the following hints by writing A charaid, etc., even when the body of your letter is in English. Then gradually increase the amount of Gaelic in the body of your letters until you can write entirely in Gaelic. (Many fluent speakers write bilingually like this, a bit of English here, a bit of Gaelic there!)




1. Put your ADDRESS in Gaelic by all means, but USE THE POSTCODE, e.g.

99 Rathad Chailleann (99 Caledonian Road
Craoibh Crieff
Siorrachd Pheairt Perthshire
PH7 9DT PH7 9DT
Alba / Scotland Scotland)

This is the compromise by which the Post Office becomes accustomed to handling Gaelic addresses without your letters being put at undue risk. Year by year more and more letters bearing Gaelic addresses are successfully delivered, mainly in the Highlands and Islands, but to some extent in other parts of Scotland as well. Gaelic placenames are slowly becoming better known thanks to new road-signs. However, there are

countless stories illustrating what can go wrong. One letter from Edinburgh to Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath (Lochmaddy, N. Uist) was opened and returned to Edinburgh from Glasgow after three weeks. Another from Edinburgh to Am Blàran Odhar, Cataibh (Bettyhill, Sutherland) was returned via Dublin, Cork ("try Blarney St."), Plymouth and Liverpool after six weeks. The next attempt reached its destination via Dublin, Cavan, the Isle of Harris and Wick (Caithness) in only four weeks. At one time the Post Office regularly sent such letters to Ireland, and is said to have once tried Poland when this failed! At least this was better than putting them in the "dead letter" category, which is too often the next step.



2. Put the DATE in the form 16.5.88 or 16 Céitean 1988. (When SPOKEN, this is an siathamh latha deug dhe'n Chéitean, naoi ceud deug, ceithir fichead 's a h-ochd.)

3. People's TITLES for formal letters (or on envelope):

Mr.	Mgr. Iain MacLeod Iain Uas. MacLeod Iain MacLeod, Uas.	From maighstir <i>master</i> . From uasal <i>noble</i> .
-----	--	---

Mrs.	A' Bh. Uas. Mairi NicLeod A' Bh. Ph. Mairi NicLeod NicLeod strictly means <i>the Daughter of MacLeod</i> so is not quite right here.	From bean uasal. From pòsda <i>married</i> .
------	--	---

The following style is better:

Mairi bean MhicLeod
Mairi bean a' Chaimbeulaich

Miss	A' Mh. Uas. Mairi NicLeod	From maighdeann uasal <i>noble maiden</i> .
------	---------------------------	---

More homely is:

Mairi nighean MhicLeod

Ms.	Mairi Uas. NicLeod Mairi NicLeod, Uas.
-----	---

In fact Uas. is strongly to be recommended for Mr, Miss, Ms and Esq alike. It is sexless, classless and very much in tune with the times!

The following include the ARTICLE:

Rev.	An t-Urr. Iain MacLeod.	From urramach.
Fr.	An t-Ath. Iain MacLeod.	From athair.
Dr.	An Dr. Iain MacLeod.	From dotaif.
Prof.	An t-Oll. Iain MacLeod.	From ollamh.

Note also:

& Co.	's a Chuideachd.
& Son(s)	's a Mhac / Mhic
Ltd.	Teo. / earranta

From teòranta.

4. DEAR _____. This must be in the VOCATIVE case, see 7.25. There are basically 5 styles. Ranging from informal to formal, these are:

- (1) A Dhomhnaill, a charaid (Dear D.) Alternatively, A Dhomhnaill, a ghaoil or A Dhomhnaill, a ghràidh (Darling D.) or A Dhomhnaill, a laochain (D. old pal)
- (2) A Dhomhnaill chòir (Dear D.)
- (3) A charaid chòir (Dear Sir), A bhana-charaid chòir (Dear Madam).
- (4) A charaid (Dear Sir or Madam, Dear Mr/Mrs/Miss/Ms _____, etc.). The universal beginning for formal and semi-formal Gaelic letters.
- (5) A chàirdean (Dear Sirs).

Note that the titles given at 3 are NEVER used here. Respect is shown by using sibh / bhur in the body of the letter.

5. Here are some useful phrases for the BODY of the letter.

Móran taing (gu dearbh) / Tapadh leat/leibh (gu mór) airson do / bhur litreach de 23 Giblean.
Thank you (very much) for your letter of 23 April.

Tha mi duilich / Gabh(aibh) mo leisgeul .. nach do sgriobh mi roimhe seo.
I am sorry / My apologies ... for not writing before now.

.... a bhith cho fada gun do/bhur litir a fhreagairt.
.... to be so long in replying to your letter.

Bu toil leam ur n-aire a tharraing ri
I should like to draw your attention to

Bu toil leam taing (mhór) a thoirt dhuibh airson
I should like to thank you (very much) for

Tha mi a' gabhail fadachd ri t' fhaicinn / ri cluinnntinn uat / ri bhur beachdan a chluinnntinn.
I am looking forward to seeing you / hearing from you / hearing your views.

Tha fiughair (mhór) orm gu tighinn a shealltainn ort / a chéilidh ort.
I am looking forward (very much) to coming to see you / visit you.

Tha mi an dòchas / Tha mi an earbsa
I hope / I trust

.... nach fhada mun cluinn mi bhuat a-rithist.
.... that it won't be long before I hear from you again.

.... nach bi mi cho fada gun chluinnntinn uat a-rithist.
.... that it won't be so long till I hear from you again.

.... gun soirbhich cùisean leibh.
.... that things go well with you.

.... guma math théid dhut!
.... that you do well!

Guma math théid leat!
Good luck!

Tha mi 'gad ionndrainn (gu mór).
I miss you (a lot).

6. To SIGN OFF, the three key words you need (again ranging from informal to formal) are **beannachd**, *a blessing*, **dùrachd** *good wish, sincerity*, and **meas esteem**. Of these, **dùrachd** is by far the most common. (By the way, **le dùrachd** is used for *with compliments*.)

(1) Beannachdan. Le beannachdan. Leis na beannachdan. Leis gach beannachd.
(2) Dùrachdan. Le dùrachdan. Leis na dùrachdan. Le deagh dhùrachd. Leis gach deagh dhùrachd.
(3) Is mise
Le meas (mór) I am
With (great) esteem

15.18 NOW WRITE A LETTER IN GAELIC. Either:

(1) Apply for a job (Cuir airson obair/dreuchd) OR
(2) Ask for holiday accommodation (Iarr àite-fuirich nan làithean-saora) OR
(3) Thank your holiday landlady (Thoir taing do bhean-taighe nan làithean-saora agad) OR
(4) Excuse yourself for absence from Gaelic class (Thoir do leisgeul airson clas Gàidhlig a chall) OR
(5) Ask for a contribution to a magazine you are editing (Iarr tabhartas ri ràitheachan a tha thu a' deasachadh) OR
(6) Reply to any of the above letters OR
(7) Reply to the following advertisement:


THA MISE AN-SEO leam fhéin agus chòrdadh e rium càirdeas a steidheachadh ri duine
uasal eadar dà fhichead agus lethcheud bliadhna dh'aois, aig am bheil ùidh ann an
gnothaichean Gaidhealach.

Write to Box No. P2538, Scotsman Publications.

15.19

CÒMHRADH: AN LITIR 'SA BHOTAL

This time try writing the story in the present/immediate tense, e.g. Sgrìobhaidh Iain litir (John writes a letter) Cuiridh e ann am botal i (He puts it in a bottle) Sadaidh e do'n mhuir e (He throws it into the sea). Include a copy of his letter! By now you will be using dictionaries of course, but take care — check unfamiliar words in a Gaelic-English dictionary before using them, and don't confuse different parts of speech.



15.20

ORDINAL NUMBERS

These are seldom used without the article or possessive. Apart from "1st" - "3rd", most of them end **-amh** [əv] or [ə]. **Ciad** *first* (like *ath next*) takes feminine article only, but the others take whatever article is appropriate to the gender of the following noun. **Ciad** lenites the following noun, the others do not. (Note that **ceud a hundred** does NOT lenite.) The article is inconsistent with regard to case and number, e.g.

Airson a' ciad uair.
Dé na ciad ainmean a th' oirbh?

For the first time.
What are your first names?

Note also:

Dé do dhàrna ainm?
A' ciad bheagan sheachdainean.
(The TB Rule is breached here. Sheachdainean is genitive plural.)

What's your second name?
The first few weeks.

1st	ciad	6th	siathamh
2nd	dàrna, dara	7th	seachdamh
3rd	treas, tritheamh	8th	ochdamh
4th	ceathramh	9th	naoidheamh
5th	cóigeamh	10th	deicheadamh

the 11th man	an t-aona fear deug
the 12th man	an dàrna fear deug
the 20th man	an ficheadamh fear
the 21st man	an t-aona fear fichead
the 22nd man	an dàrna fear fichead
the 40th man	an dà fhicheadamh fear
the 41st man	an dà fhicheadamh fear 's a h-aon
the 50th man	an lethcheudamh fear
the 100th man	an ceudamh fear
the 101st man	an ceudamh fear 's a h-aon
the 121st man	an sia ficheadamh fear 's a h-aon
the 1,000th man	an mìleamh fear

Ciad and **treas** are always written in full, but the other ordinal numbers may be abbreviated using appropriate letters, e.g. **2na**, **2ra**, **4mh**, **17mh**, **99mh**. For dates see "HOW TO WRITE A LETTER", 15.17.2. Finally, note the use of **dàrna/dara** to mean one of a pair, e.g.

Chan fhaca mi 'n dàrna fear no am fear eile.
Air an dàrna làimh... air an làimh eile.
Cha robh e an dàrna cui'd fliuch no tioram.
Cuir an dàrna taobh e.

I didn't see the one or the other.
On the one hand... on the other hand.
It wasn't either wet or dry.
Put it aside.

And also:

Gach dàrna(cha) latha.
An dàrna taobh-duilleig mu dhereadh.

Every second day.
The second-last page.

15.21

CÒMHRADH: FICHEAD CEIST

You probably know the game of Twenty Questions. Played in Gaelic, it is a very good test of question/answer techniques, and a particularly effective way of practising the verb *to be*. You will of course need a Gaelic speaker or other student to play it with. Unlike our conversation exercises to date, however, it does not require a visual element (unless you are playing it with teams and need to pass round the subjects on a bit of paper!), so isolated students can even play it by telephone or CB radio.

Here are two specimen games, with facing translations. These have been carefully designed to include the most common questions, phrases and words. Use these in your own games. The subjects in both specimens are simple enough, but the interviewee in game B has mischievously complicated things with his "vegetable connections" — he was thinking of a certain brand of cognac! Don't do this at first.

To begin the game, then, one of you thinks of a subject and declares which of these categories it belongs to:

ainmhidheil	animal
lusail	vegetable
mèinneil	mineral
beachdail	abstract

Note carefully that *It is...* followed by an adjective or other DESCRIPTION (e.g. the above four terms) is *Tha e...*; *It is...* followed by a NOUN is 'Se... a th' ann! or *An e... a th' ann?* In other words, as always, try to get your grammar and verbs right, because this is the point of the exercise; if you're stuck for vocabulary, however, just use the English word, and, who knows, your partner may then throw in the right one, as happens with 'manufactured' at A13 below.

Well-known personalities — politicians, sportsmen, entertainers, the Royal Family — make the best subjects, followed by food and drink, e.g. banana, *uisge-beatha*, tomato, *cofaidh*, fish and chips, *bainne*. Use your sense of humour, keep the game going fast, and enjoy yourself.

GEAM' A

Dé tha seo? — Tha seo mèinneil.

1. An e creag a th' ann? — Chan e.
2. Clach? — Chan e.
3. An gabh seo 'fhaicinn idir, no bheil e mar ghas, no 'n t-àile? — O gabhaidh seo 'fhaicinn gu dearbh.
4. An gabh e ithe? — Cha ghabh. Co-dhiùbh, thuirt thu "è", ach chan eil fhios agad nach eil seo boireann.
5. Am bheil seo boireann? — Chan eil, tha e fireann!
6. An e facal Gàidhlig a th' ann ma-thà? — 'Se.
7. Am bheil alt ann? — Chan eil.
8. An gabh e 'òl? — Gabhaidh, ach chan òladh tu air fad e!
9. Tha e mórra ma-thà. Làn botal rudeigin? — Nas mothà na sin.
10. Am biodh tu air do dhalladh nan òladh tu air fad e? — Cha bhithheadh, ach bhiodh tu marbh!
11. Am bheil dad dhe'n lionnach chumhachdach seo agamsa? — Chan eil fhios 'am. 'S dòcha gu bheil.
12. Agadsa? — Tha, ann an dòigh!
13. Am bheil e manufactured? — Chan eil, chan e obair dhaoine a th' ann 's chan eil e air a dhèanamh ann am factoraidh idir!
14. An ann ás an dùthach seo a tha e? — O 'sann.
15. An e uisge a th' ann? — Chan e, ach tha uisge anns an rud seo! Glé mhath.
16. Am bheil litir mhór ris? — Chan eil.
17. Am bheil pailteas dheth seo ann? — Tha, tha pailteas dhiubh seo ann.
18. Dhiubh seo! An e abhainn a th' ann? — Chan e.
19. An e loch a th' ann? — 'Se!

GAME A

What is this? — This is mineral.

1. Is it rock? — No.
2. Stone? — No.
3. Can this be seen at all, or is it like gas, or air? — Oh this can be seen all right.
4. Can it be eaten? — No. Anyway you said e, but you don't know that this isn't feminine.
5. Is this feminine? — No, it's masculine!
6. Is it a Gaelic word then? — Yes.
7. Is there an article? — No.
8. Can it be drunk? — Yes, but you wouldn't drink it all!
9. It's big then. A whole bottle of something? — More than that.
10. Would you be drunk if you drank it all? — No, but you'd be dead!
11. Do I have any of this potent liquid? — I don't know. Maybe you do.
12. Do you? — Yes, in a way!
13. Is it manufactured? — No, it isn't man-made and it isn't made in a factory at all.
14. Is it from this country? — Oh yes.
15. Is it water? — No, but there's water in this thing! Very good!
16. Does it have a capital letter? — No.
17. Is there plenty of this? — Yes, there are plenty of these.
18. Of these! Is it a river? — No.
19. Is it a loch? — Yes!

If you think the questioner was a bit thick there, try this one....

GEAMA B

Dé tha 'n cuspair seo? — Tha am fear seo ainmhidheil le buntanas lusail.

1. Ainn leabhair, cleas "Lorna Doone"! — Glé thapaidh, ach ceàrr!
2. Am bheil pàipear idir ann? — Chan eil.
3. An gabh seo 'ithe? — Cha ghabh.
4. An gabh seo 'òl? — Gabhaidh am "buntanas lusail" 'òl, co-dhiùbh.
5. An e uisce-beatha th' ann? — Chan e. Cuimhnich gum bheil seo ainmhidheil. Leigidh mi an té ud seachad! Tha thu aig a ceithir fhathast.
- 5a. Tha thu 'gam leigeil dheth, am bheil? Ceart ma-thà, tha seo ainmhidheil agus lionnach aig an aon àm.
6. An e fuil a th' ann? — Chan e.
7. Bainne? — Chan e.
8. Am bheil còrr is aon fhacal ann? — Chan eil.
9. Gun ach aon fhacal. An e Gàidhlig a th' ann? — Chan e.
10. Nuair tha seo ainmhidheil, am bheil ceithir casan aige? — Chan eil.
11. An e eun a th' ann? — Chan e.
12. An e duine a th' ann? — 'Se.
13. An e duine sònraichte a th' ann, no an e seo a' cheàird a th' aige, cleas "polasman" no "croitear"? — Chan e ceàird a th' ann. 'Se duine sònraichte a th' ann.
14. An e boireannach a th' ann? — Chan e, 'se fear a th' ann.
15. An e Albannach a th' ann? — Chan e.
16. Sasannach? — Chan e.
17. Aimeireaganach? — Chan e.
18. Frangach? — 'Se! Glé mhath. Nise, chan eil ach trì air fhagail agad.
19. Frangach. An e filmstar a th' ann? — Chan e, chan e filmstar a bh' ann.
20. A, chan eil e beò. An e politician a bh' ann? — Seòrsa. Seòrsa de dh'fhear-polataigs a bh' ann. Agus seanalair.
